

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Bòrd na Gàidhlig a’ toirt cothrom ùr air taic-airgid do choimhearsnachdan

20 An Dùbhlachd 2011

Tha Taic Freumhan Coimhearsnachd, sgeama maoinachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, air fosgladh a-rithist airson iarrtasan ùra bho buidhnean a tha ag amas air cothroman ionnsachaidh agus cleachdaidh na Gàidhlig a leudachadh anns na sgìrean aca fhèin. Thuirt Daibhidh Boag, Leasaiche Cànain aig Bòrd na Gàidhlig: “Tha an sgeama taic-airgid Taic Freumhan Coimhearsnachd air a bhith fìor shoirbheachail agus feumail, a’ cumail taic ri pròiseactan do gach aois agus air feadh na h-Alba. ‘S e ‘Fàs agus Feabhas’ an tìotal a th’ air an dreach Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17. Tha e cudromach gun tig fàs anns an àireamh sgoilearan a tha a’ frithealadh foghlam Gàidhlig gach bliadhna ach cha tig feabhas gun ceangal làidir eadar sgoiltean, dachaighean agus coimhearsnachdan.”

“Nuair a bha sinn air an rathad a’ togail bheachdan air an dreach phlana bho chionn ghoirid, bha e follaiseach gun robh ùidh mhòr aig coimhearsnachdan air feadh Alba gus Gàidhlig a thogail agus a chleachdadh. Tha prìomhachasan sònraichte aig gach coimhearsnachd agus tha sinn an dòchas gun cuir tòrr bhuidhnean iarrtas a-steach airson an taic-airgid seo gus na pròiseactan aca a chur an gnìomh.”

Tha tuilleadh fiosrachaidh agus foirmean iarrtais airson Taic Freumhan Coimhearsnachd rim faotainn bho làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig www.gaidhlig.org.uk no cuiribh fòn gu 01463 225454. Bidh an cothrom seo airson iarrtasan a’ dùnadh air **Diluain 6 Gearran 2012**.

DEIREADH

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig community fund open for new applications

20 December 2011

Bòrd na Gàidhlig has opened its community support fund, Taic Freumhan Coimhearsnachd to new applications. The fund is specifically designed to assist a wide range of groups and organisations wishing to support and increase the learning and usage of Gaelic in their community.

David Boag, Leasaiche Cànan Gàidhlig (Head of Gaelic Usage) at Bòrd na Gàidhlig said: “The Taic Freumhan Coimhearsnachd fund has been particularly successful and supportive of projects catering for all ages, right across Scotland. The draft National Gaelic Language Plan 2012-17 is entitled ‘Growth and Quality.’ It is important that growth will come through an increase in the numbers of pupils attending Gaelic medium education but also that the quality of the language is strengthened through strong links between schools, homes and the wider community.”

“When we were on the road recently gatering opinion on the draft plan, it was obvious that communities the length and breadth of Scotland have an interest in learning and using Gaelic. Every community has specific priorities and we hope that many groups will apply to Taic Freumhan Coimhearsnachd in order to implement their projects.”

More information about the fund and an application form can be accessed via the Bòrd na Gàidhlig website www.gaidhlig.org.uk or by calling 01463 225454. The closing date for applications is **Monday 6th February 2012.**

ENDS